



Teisteanais
Nàiseanta
STÒRAS

X832/76/01

Marking Instructions

Gàidhlig
Leughadh

Gàidhlig Reading

Please note that these marking instructions have not been standardised based on candidate responses. You may therefore need to agree within your centre how to consistently mark an item if a candidate response is not covered by the marking instructions.

General marking principles for Gàidhlig Reading Higher

Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates gain marks for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Accept answers other than those in the marking instructions, as long as they are relevant and appropriate. Award marks according to the accuracy and relevance of the candidate's response.
- (f) In the final question, candidates gain marks for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
 - (i) For questions that ask simply 'Carson...', candidates must give a brief, accurate response/name.
 - (ii) For questions that ask candidates 'Mìnich...' or ask 'Ciamar...', they must identify cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (iii) For questions that ask candidates 'Seall mar a tha...', they must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include, for example word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques.
 - (iv) For questions that ask 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

Stiùridhean Comharrachaид

Leughadh

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|--|---------------------|------------------------|
| 1. | | <p>Gu bheil an àireamh de dhaoine òga a tha a' leughadh a' crionadh.</p> <p>Nach eil mòran a tha cho feumail do dhaoine ri leughadh a thaobh slàinte agus adhartas beatha.</p> | 2 | |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|---|---------------------|---|
| 2. | | <p>Stoidhle/Taghadh-facail:</p> <p>Tha e a' bruidhinn gu dìreach ri gach leughadair fa leth "thu"/"Bi onarach".</p> <p>Tha e a' togail air fianais gus dearbhadh dhan leughadair gu bheil e eòlach air a' chuspair - "Tha rannsachadh a' sealltainn".</p> <p>Tha e a' sparradh a bheachd fhèin air an leughadair - "Uill, tha e a' dol às an fhasan".</p> <p>Tha tòna bragail aige san dòigh sa bheil e a' dèanamh ceangal ris an leughadair - "Siuthad".</p> <p>"feum cho mòr dha do shläinte"/"adhartas air do bheatha" - tha tòna brosnachail aige a' nochdadh (às dèidh an rabhaidh) gun tèid aig an leughadair air atharrachadh a thoirt air a bheatha.</p> <p>Structar-seantans:</p> <p>Tha e a' cur sreath cheisteán air an leughadair a tha a' togail suas gu àirde ('o mo chreach') gus fiosrachadh sònraichte/an fhìrinn a thoirt às an leughadair.</p> <p>Tha 'freagairt an leughadair' a' cur iongnadh/dragh air an sgrìobhadair - tha seo air a shealltainn leis a' chlisg-phuing às dèidh 'o chionn bliadhna'.</p> <p>Tha an seantans goirid "Bi onarach a-nise" a' feuchainn ri toirt air an leughadair an fhìrinn aideachadh.</p> | 3 | Feumar bualadh air co-dhiù dá sgil-sgrìobhaidh. |

| Ceist | | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|-----|--|---|---------------------|------------------------|
| 3. | (a) | | Tha am meatafor air a thogail air cogadh agus strì (me: “a’ cur às”/“nàmhaid”/“blàr”). | 1 | |
| | (b) | | <p>Mu thrithead bliadhna air ais, bha cumhachd telebhisein (“riaghladair an t-seòmair-suidhe”) “a’ cur às do leughadh mar chur-seachad”.</p> <p>Aig toiseach an linn, rinn “nàmhaid ùr” (an t-eadar-lìon) an gnothach air telebhisean.</p> <p>An-diugh, tha an t-eadar-lìon nas cumhachdaiche buileach - tha e air “làmh-an-uachdair fhaighinn sa bhlàr” airson aire dhaoine a ghlacadh.</p> | 3 | |
| 4. | | | <p>A trì à:</p> <p>Taghadh-facail/ìomhaigheachd:</p> <p>Tha “a’ tuiteam mar chlach” a’ toirt seachad beachd an sgriobhadair nach eil teicneòlas air a bhith soirbheachail ann a bhith a’ brosnachadh Leughadh.</p> <p>Taghadh-facail:</p> <p>“ged a dh’fheumas mi aideachadh gu bheil mi rudeigin seann-phasanta a thaobh teicneòlas” - tha an sgriobhadair ag aideachadh gur dòcha nach eil an aon bheachd aige ’s a tha aig daoine eile.</p> <p>“Chuireadh na ‘piongan’ agus na ‘ongan’ buileach air seachran mi!” tha e a’ faireachdainn gu bheil teicneòlas a’ gabhail thairis a bheatha</p> <p>“Chan fhaighinn diog airson an leabhar fhèin a leughadh!” tha e a’ smaoineachadh gu bheil cus rudan a’ strì airson ar n-aire a ghlacadh</p> | 3 | |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|--|---------------------|------------------------|
| | | <p>Taghadh-facail/structar-seantans:</p> <p>“Chan eil seo a’ cur iongnadh orm fhìn” - tha an seantans goirid a’ sealltainn gu bheil an sgriobhadair a’ smaoineachadh gun robh fios aige fhèin bho thus nach biodh leabhraichean-e soirbheachail.</p> <p>“gu mi-fhortanach, chan eil na ‘leasachaidhean’ seo” tha an taghadh-facail/na cromagan-tùrrach seo a’ sealltainn nach eil an sgriobhadair den bheachd gur e deagh rud a tha ann gun urrainn dhuinn leabhar a leughadh le inneal.</p> <p>‘Cò idir a bhiodh airson sùil a thoirt air sgròn fad an t-siubhail?’ - tha ‘idir’ a’ daingneachadh gu bheil an sgriobhadair fada na bheachd fhèin/’s e ceist gun fhreagairt a tha seo ach tha e soilleir gu bheil e den bheachd nach bu chòir beachd eile a bhith ann.</p> | | |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|---|---------------------|---|
| 5. | | <p>A trì à: lomhaigheachd:</p> <p>“làmh bheag a’ chloc a’ sreap chun a’ mhullaich” Mar a tha ùine a’ ruith air an oidhche (gu meadhan oidhche) ach a dh’aindheoin seo bidh e fhathast a’ dol air adhart dhan ath chaibideil.</p> <p>“Cha tig mi beò san t-saoghal iongantach” - tha e mar gu bheil beatha eadar-dhealaichte/thlachdmhor aige anns an leabhar.</p> <p>Structar-seantans:</p> <p>“làmh bheag a’ chloc a’ sreap chun a’ mhullaich (no fiù ’s seachad air!)” - tha an leughadh nas cudromaiche dha na am feum a tha aige air cadal.</p> <p>Tha “(ach dìreach air iasad!)” a’ daingneachadh cho prìseil ’s a tha an leabhar fhèin dha agus nach eil e airson dealachadh ris/tha e airson gum bi an aon tlachd aig daoine eile.</p> <p>Taghadh-facail:</p> <p>“tlachd”/“dèidheil”/“tarraingeach” - tha am facial seo a’ sealltainn mar a tha an sgriobhadair air dlùth-cheangal a dhèanamh ri leabhraichean.</p> <p>“abair briseadh-dùil” - tha seo a’ sealltainn gu bheil e air a thàmailteachadh nuair a bhios an leabhar deiseil.</p> <p>“sàsachadh” - tha am facial seo gu làidir a’ sealltainn cho mòr ’s a tha leughadh a’ còrdadh ris.</p> | 3 | Feumar bualachd air eisimpleir bho gach sgil-sgrìobhaidh. |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|--|---------------------|------------------------|
| 6. | | <p>-tha comas smaoineachaidh agus comas cruthachail air an leasachadh le Leughadh.</p> <p>-tha dearbhadh a' sealltainn gu bheil clann a bhios ri leughadh nas soirbheachaile ann am foghlam.</p> <p>-tha fallaineachd a' tighinn bho leughadh agus dion an aghaidh ghalairean a nì cron air an eanchainn agus staid-inntinn dhaoine.</p> | 3 | |
| 7. | | <p>“S ann a tha leughadh mar iuchair do shaoghal eile.” Tha an samhla seo ag innse dhuinn gun urrainn do leughadh ire/sealladh eile fosgladh dhut na do bheatha.</p> <p>Tha e “cudromach an iuchair cheart a lorg airson doras na h-inntinn fosgladh” Cha dèan leabhar sam bith an gnothach, feumaidh tu leabhar a thaghadh a fhreagras ort fhèin.</p> <p>“Thoir an aire nach tog thu an iuchair cheàrr” - tha an sgriobhadair a' toirt rabhadh dhuinn nach obraich leabhar sam bith agus gu feum sinn a bhith faiceallach nar taghaidhean.</p> <p>“obrachadh tro leabhar mar gum biodh tu a' coiseachd tro ghainmheach bheò” - tha “obrachadh” ag innse dhuinn gu bheil e gu math dòrainneach faighinn tro leabhar mura bi an taghadh ceart air a dhèanamh/tha an samhla “a' coiseachd tro ghainmheach bheò” a' sealltainn cho doirbh 's a tha e crioch a chur air leabhar nach freagair ort.</p> | 2 | |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|--|---------------------|------------------------|
| 8. | | <p>A dhà à:</p> <p>Taghadh-facail/structar-seantans:</p> <p>Tha e cruaidh, ag òrdachadh na bu chòir tachairt “(nise, èistibh...)/“leigibh leotha”/tha na camagan a’ sealltainn gu bheil e a’ stad agus gu bheil rudeigin sònraichte aige ri ràdh.</p> <p>“(...a thidsearan agus a phàrantan!)” tha an sgrìobhadair a’ toirt rabhadh do dà dhiofar bhuidheann a bhios gu tric a’ déanamh mearachd/tha a’ chlisg-phuing a’ cur cuideam air an rabhadh a tha e a’ toirt do na daoine seo.</p> <p>“cùl a chur ri leughadh uile-gu-lèir!” tha an taghadh-facail a’ chlisg-phuing aig an deireadh a’ daingneachadh an rabhaidh gu bheil cumhachd aig inbhich milleadh a dhèanamh air an úidh a tha aig clann ann an leughadh buileach glan.</p> <p>Taghadh-facail:</p> <p>“S e an rud as miosa” - tha an sgrìobhadair a’ feuchainn ri uabhas a chur air an leughadair le bhith a’ moladh gu bheil e nas miosa an leabhar ceàrr a leughadh na gun a bhith a’ leughadh idir.</p> <p>Tha “An ainm an fhortain” a’ cruthachadh fearg/sàrachadh le mar a bhios cuid a’ toirt air òigridh leabhraichean nach toil leotha a leughadh.</p> | 2 | |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|--|------------------|--|
| 9. | | Tha an aon bhuaidh aig seoclaidean agus leabhraichean, “Aon uair ’s gum faigh thu am blas; tha am miann a’ fàs”. Tha e air sealltainn gu bheil e doirbh stad aon uair ’s gun tòisich thu an dà chuid. | 1 | |
| 10. | | <p>A dhà à:</p> <p>Tha sgriòbhadair ainmeil a’ daingneachadh na h-argamaid a tha aige fhèin agus tha seo a’ cur barrachd cuideim oirre.</p> <p>Tha an seantans seo èifeachdach ann a bhith a’ sealltainn nach eil diofar sam bith eadar leabhar a bhith na shuidhe “dùinte” agus a bhith “marbh”/gum bàsaich leughadh mar chur-seachad le dìth chleachdadh “cur às dha cultar-leughaidh”.</p> <p>Tha seo a’ cur dùbhlán ron leughadair a bhith a’ cur feum air leabhraichean/dèanamh cinnteach gu bheil na leabhraichean aige fhèin ‘beò’.</p> | 2 | Feumaidh luchd-ceartachaидh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a’ ceartachadh nam freagairtean seo. |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|--|--|---------------------|--|
| 11. | | <p>A dhà à:</p> <p>Tha e a' tilleadh dhan cheist a dh'fhaighnich e aig an toiseach ach an turas seo tha e a' sireadh freagairt a tha nas dòchasaiche/a chòrdas ris.</p> <p>“Tog leabhar a fhreagras ort fhèin...” chaidh seo ainmeachadh roimhe agus tha e a' tilleadh thuige oir tha e ga fhaicinn mar rud cudromach.</p> <p>“fosgail e... is leig leis tighinn beò nad làimh!” tha seo a' togail air mar a tha leabhraichean marbh mura h-eil daoine gan togail agus gan leughadh.</p> | 2 | Feumaidh luchd-ceartachaидh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo. |

| Ceist | | Freagairt a thathar a' sùileachadh | Comharran iomlan | Stiùireadh a bharrachd |
|-------|-----|--|---------------------|---|
| 12. | (a) | an tiotal <p>Tha an sgrìobhadair a' cleachdadhe tiotal 'leabhraichean - deireadh na sgeòil?' mar abairt dhòigheil a tha ceangailte ri leabhraichean ach ga cur gu feum mar cheist a thaobh a bheil leughadh mar chur-seachad a tha a' bàsachadh.</p> | 1 | Feumaidh luchd-ceartachaидh am beachd proifeiseanta a chleachdadhe ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo. |
| | (b) | structar na h-earrainn air fad <p>Tha an sgrìobhadair air an earrann a chruthachadh ann an riochd sgeulachd no leabhar leis na diofar phiosan den argamaid ann an 'caibidilean'. Tha seo èifeachdach leis gu bheil iad a' stiùireadh an leughadair tron earrainn agus a' toirt air na h-argamaidean a bhith soilleir agus furasta a leantainn.</p> | 1 | Feumaidh luchd-ceartachaидh am beachd proifeiseanta a chleachdadhe ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo. |
| | (c) | 'Facal san dealachadh'. <p>Tha an sgrìobhadair air a bhith cruaidh air a' ghinealach òg chun an seo agus tha e ag aithneachdh aig an deireadh gur dòcha gum bi e air oilbheum adhbharachadh. Chan eil e airson a' chùis fhàgail gun luaidh a dhèanamh air na daoine òga a tha ri leughadh.</p> | 1 | Feumaidh luchd-ceartachaидh am beachd proifeiseanta a chleachdadhe ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo. |

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]